



Builean Co-ionannachd SQA 2025–29

Ceann-là foillseachaidh: An Giblean 2025

Air fhoillseachadh le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Togalach Optima, 58 Sràid Robastan, Glaschu G2 8DQ
Lowden, 24 Wester Shawfair, Dail Chèith, Meadhan Lodainn, EH22 1FD

www.sqa.org.uk

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA. Ma thèid ath-riochdachadh, bu chòir aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaighinn bho SQA. Chan fhaodar ath-riochdachadh airson adhbharan malairt no malairteach.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba

Faodar an sgrìobhainn seo fhoillseachadh, le iarrtas, ann an diofar chruthan, a' gabhail a-steach ann an clò mòr, ann am Braille agus ann an iomadach cànan coimhearsnachd. Airson barrachd fiosrachaidh, cuiribh fòn gu ionad fiosrachadh chustamairean SQA air 0845 279 1000.

Tha SQA an geall air briathrachas soilleir a chleachdadh. Bidh sinn a' dèanamh oidhirp gus na foillseachaidhean againn a dhèanamh cho furasta a thuigsinn is cho dìreach 's a ghabhas, agus a h-uile sgleò-chainnt neo-riatanach a sheachnadh. Ma tha briathrachas sam bith san sgrìobhainn seo a tha sibh a' faireachdainn a tha doirbh ri thuigsinn, no a ghabhadh leasachadh, nach sgrìobh sibh gu Deasaiche, Sgioba Deasachaidh, aig an t-seòladh Ghlaschu no cuiribh post-d gu: editor@sqa.org.uk.

Buil Co-ionannachd 1: Feachd-obrach eadar-mheasgte

Tha sinn air iomadachd a mheudachadh air feadh an fheachd-obrach againn, gu h-àraid a thaobh bhuidhnean dì-riochdaichte, leithid luchd-obrach ciorramach agus luchd-obrach bho mhion-shluaghan, gus na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh a chomharrachadh nas fheàrr agus gus ar cultar in-ghabhaltach a mheudachadh.

Carson a thagh sinn a' Bhuil Co-ionannachd seo

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann againn a' comharrachadh iomadachd nan coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh. Tha fianais ann bhon dàta air an fheachd-obrach againn a tha a' toirt do ar n-aire nach ann mar seo a tha sinn, gu h-àraid a thaobh Cinneadh agus Ciorram. Tha a' bhuil seo cuideachd a' comharrachadh a' chrutha-tìre nas fharsainghe.

Feartan fo dhìon

Buntainneach ris a h-uile feart fo dhìon ach le fòcas air Cinneadh agus Ciorram.

Tha SQA a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhìon.

Bidh sinn a' coileanadh na buile seo le bhith

- ◆ A' leasachadh an Ro-innleachd againn air Daoine, Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas ann an co-obrachadh le buidhnean eadar-mheasgte.
- ◆ A' dèanamh lèirmheas a bharrachd air na modhan-obrach againn airson fastadh agus roghnachadh. A' dèiligeadh ri cnapan-starra comharraichte ann an co-obrachadh leis na lìonraidhean luchd-obrach againn, ann an co-rèir ri Uidheam Riaghaltas na h-Alba airson Fastadh Mhion-shluaghan agus reachdas is rannsachadh buntainneach eile.
- ◆ A' cumail oirnn a' cumail sùil air dàta air co-ionannachd an fheachd-obrach tarsainn a h-uile feart fo dhìon gus obrachadh a-mach a bheil tuilleadh ghnìomhan a dhìth.
- ◆ A' glèidheadh a' chreideasachaidh againn mar cheannard le Disability Confident.
- ◆ A' faighinn creideasachadh 'Stèidhichte' le Carer Positive.
- ◆ A' cur an gnìomh plana Co-ionannachd Cinnidh a bhios a' gabhail a-steach ar gealltanasan a thaobh Gnothachas sa Coimhearsnachd.
- ◆ A' cumail oirnn a' cumail suil air, agus a' gabhail ghnìomhan airson dèiligeadh ri, beàrnan pàighidh a thaobh gnè, mion-shluaghan, taobhadh feise no ciorram.
- ◆ A' cumail oirnn a' libhrigeadh an trèanaidh àithnteil againn air Fastadh In-ghabhaltach.
- ◆ A' leasachadh suirbhidh bhliadhnail air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.
- ◆ Cumaidh sinn oirnn ag obair a dh'ionnsaigh nam prionnsapalan san Fhrèam-obrach Obair Chothromach, gus am bi guth èifeachdach, cothrom, tèarainteachd, riarachas agus meas aig an luchd-obrach againn san àite-obrach.

Bidh sinn a' tomhas ar soirbheachais le bhith

- ◆ A' meudachadh iarrtasan-obrach bho bhuidhnean dì-riochdaichte
- ◆ A' meudachadh na h-àireimh de chom-pàirteachasan eadar-mheasgte air an taobh a-muigh

Buil Co-ionannachd 2: Eòlas is Tuigse

Tha barrachd eòlais is tuigse aig ceannardan is luchd-obrach aig a h-uile ìre den bhuidhinn againn air chor 's gum bi iad comasach air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas a chur air adhart agus dùbhlán a thoirt do leth-bhreith tro an co-dhùnaidhean, tro an gnìomhan agus tro am modh-giùlain.

Carson a thagh sinn a' Bhuil Co-ionannachd seo

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil bun-eòlas aig ceannardan is luchd-obrach aig a h-uile ìre den bhuidhinn air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas gus am bi aid air cumhachdachadh gus dùbhlán a thoirt do leth-bhreith agus co-ionannachd a chur air adhart tro an co-dhùnaidhean, tro an gnìomhan agus tro am modh-giùlain.

Feartan fo dhion

Buntainneach don h-uile feart fo dhion.

Tha SQA a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhion.

Bidh sinn a' coileanadh na buile seo le bhith

- ◆ A' leasachadh meatrags trèanaidh airson co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas airson luchd-obrach aig a h-uile ìre den bhuidhinn againn a bhios a' gabhail a-steach raon de chothroman trèanaidh a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas, a' gabhail a-steach trèanadh airson àrd-cheannardan agus luchd-obrach buntainneach airson dèiligeadh ri clàon-bhreith gun mhothachadh ann an co-dhùnaidhean agus trèanadh a bharrachd gus taic a thoirt do luchd-obrach niùro-iomadach.
- ◆ A' dèanamh leasachadh a bharrachd air mar a tha sinn a' cumail sùil air agus ag aithris air prìomh thrèanadh àithnteil air Co-ionannachd, iomadachd agus In-ghabhaltas, Fastadh In-ghabhaltach agus Urram san Àite-obrach agus air trèanadh buntainneach eile.
- ◆ A' cur air adhart trèanadh buntainneach eile a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas, agus a' cur gu feum cothroman trèanaidh eile a thathar a' cur air adhart le Brodies, le Lìonra Fastaichean airson Co-ionannachd is In-ghabhaltas, agus le buidhnean eile.
- ◆ A' dèanamh lèirmheas air modhan-obrach trèanadh inntigidh airson cheannardan gus eòlas is sgilean a mheudachadh ann an co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.
- ◆ A' dèanamh lèirmheas air modhan-obrach trèanadh inntigidh airson luchd-obrach uile gus eòlas is sgilean a mheudachadh ann an co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.
- ◆ A' dèanamh lèirmheas air na modhan-obrach againn airson measadh coileanaidh (My Review).
- ◆ A' dèanamh lèirmheas air a' phoileasaidh Ionnsachadh is Leasachadh againn.
- ◆ A' leasachadh suirbhidh bhliadhnail air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.

Bidh sinn a' tomhas ar soirbheachais le bhith

- ◆ A' faighinn reataichean coileanaidh airson trèanadh àithnteil de 100% airson luchd-obrach aig a h-uile ìre, a' gabhail a-steach luchd-obrach ùra taobh a-staigh trì mìosan bhon a thòisich iad sa bhuidhinn againn.
- ◆ A' cumail sùil air com-pàirteachadh luchd-obrach le altan foghlaim agus bùthan-obrach.

- ◆ Reataichean riarachais nas fheàrr san t-suirbhidh bhliadhnail air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.
- ◆ A' cumail sùil air dàta luchd-obrach a thaobh chùisean-gearain, cùisean-diosaplain agus luchd-fàgail.
- ◆ Luachadh a bharrachd air adhartas le bhith a' coileanadh Luachadh air In-ghabhaltas agus Iomadachd Tàlaint (TIDE) bho Lìonra Fastaichean airson Co-ionannachd is In-ghabhaltas (ENEI) gach bliadhna.

Buil Co-ionannachd 3 – Teisteanasan agus Measadh

Bidh sinn air feabhas a chur air pròiseasan leasachadh is dealbhachadh theisteanasan, a tha in-ghabhaltach, an aghaidh gràin-chinnidh agus so-ruigsinneach, aig an aon àm a' cothromachadh phrionnsapalan measaidh. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil teisteanasan SQA cho cothromach 's a ghabhas airson a h-uile neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil feartan fo dhìon.

Carson a thagh sinn a' Bhuil Co-ionannachd seo

- ◆ Tha feum leantainneach ann airson luchd-leasachaidh mheasaidhean is theisteanasan a chuideachadh a bhith a' tuigsinn nan cnapan-starra a thaobh measadh ris am bi diofar bhuidhnean a' cur aghaidh, a' gabhail a-steach feumalachdan luchd-ionnsachaidh niùro-iomadach comharraichte, agus an àireamh dhiubh a' dol am meud, agus feumalachdan an fheadhainn a fhuair briseadh air choreigin san ionnsachadh aca.
- ◆ Toraidhean bho rannsachadh air ullachaidhean measaidh 2024.
- ◆ Fianais air a tional airson na buile co-ionannachd a bh' ann roimhe san raon seo.
- ◆ An t-àrdachadh san àireimh de dh'ullachaidhean measaidh.
- ◆ An àireamh de dh'iartrasan ioma-fhillte airson ghnàthachaidhean reusanta.
- ◆ Fios air ais bho bhuill, a' gabhail a-steach tosgairean òigridh, den phrògram aig Riaghaltas na h-Alba air Foghlam an aghaidh Gràin-chinnidh (AREP).
- ◆ Tha Luachadh air In-ghabhaltas agus Iomadachd Tàlaint (TIDE) agus suirbhidh inntearnail de luchd-obrach Leasachadh Theisteanasan (QD) a' sealltainn gu bheil trèanadh is leasachadh mar raointean prìomhachais airson piseach agus cothrom.
- ◆ Adhartasan a rinneadh o chionn ghoirid ann an inntinn fuadain (AI) agus teicneòlasan tùsail agus a' bhuaidh a bhios aca air measaidhean is theisteanasan.

Feartan fo dhìon

Buntainneach don h-uile feart fo dhìon.

Tha SQA a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhìon.

Bidh sinn a' coileanadh na buile seo le bhith

Dealbhachadh in-ghabhaltach

- ◆ A' dèanamh cinnteach gu bheil stuthan measaidh a' comharrachadh chultaran, seallaidhean is eòlasan eadar-mheasgte.
- ◆ A' dèanamh cinnteach gu bheil am briathrachas a thathar a' cleachdadh ann am measaidhean soilleir, gun chlaon-bhreith agus saor bho ghnàth-ìomhaighean.
- ◆ A' rannsachadh mhodhan-eòlais airson claon-bhreith, no claon-bhreith a dh'fhaodadh a bhith ann, a chomharrachadh ann am measaidhean sgrìobhte.
- ◆ A' dèanamh cinnteach gu bheil dealbhachadh nan teisteanasan is measaidhean ath-leasaichte san àm ri teachd a' coileanadh nam prionnsapalan measaidh, agus gu bheil a' gabhail a-steach cothromas cothruim airson a h-uile neach-ionnsachaidh ann an co-rèir ri reachdas buntainneach.

Cleachdaidhean an aghaidh gràin-chinnidh

- ◆ A' cur an gnìomh trèanadh airson luchd-obrach Leasachadh Theisteanasan (QD) air prionnsapalan is cleachdaidhean an aghaidh gràin-chinnidh.

- ♦ A' dèanamh lèirmheas cunbhalach air susbaint mheasaidhean gus claon-bhreith cinnidheach sam bith, agus eileamaidean leth-bhreitheach sam bith, a chomharrachadh agus fhuasgladh.
- ♦ A' gabhail a-steach prionnsapalan curraicealaim an aghaidh gràin-chinnidh, mar a chaidh a dhealbhadh le prìomh luchd-ùidhe ann an AREP, ann an stuthan measaidh.
- ♦ A' gabhail pàirt ann am buidheann-obrach cho-obrachail AREP air a' churraicealam gus dèanamh cinnteach gu bheil stuthan measaidh air an treòrachadh le luchd-cleachdaidh agus a' co-thaobhadh ri cleachdadh nodha.

Ruigsinneachd

- ♦ A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil measaidhean ruigsinneach airson luchd-ionnsachaidh ciorramach agus an fheadhainn le feumalachdan taice a bharrachd (a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh niùro-iomadach, ag aithneachadh gur ma dh'fhaodte nach bi iad gan comharrachadh fhèin mar chiorramaich) le bhith a' toirt seachad gnàthachaidhean reusanta gus leigeil leis an luchd-ionnsachaidh seo a bhith a' nochdadh an cuid sgilean, eòlais is tuigse ann an teisteanasan SQA.
- ♦ A' dèanamh lèirmheas air a' phasgan de dh'ullachaidhean measaidh a th' aig SQA, a' gabhail a-steach comharrachadh cleachdadh as fheàrr, a' beachdachadh air treandaichean, ìre-chleachdaidh agus do-dhèantas agus a' dèanamh conaltradh le luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg speisealta.
- ♦ A' dèanamh cinnteach nach bi leudachadh sam bith ann an dòighean-obrach a thaobh measaidh ann an Cùrsaichean Nàiseanta, a' gabhail a-steach cleachdadh measadh didseatach, ag adhbharachadh chnapan-starra sam bith do luchd-ionnsachaidh.
- ♦ A' dèanamh cinnteach gum bi stiùireadh agus fiosrachadh a thathar a' toirt do dh'ionadan is luchd-ionnsachaidh a thaobh cleachdadh inntinn fuadain gineil (GenAI) agus teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT) ann am measaidhean bhon taobh a-muigh ann an co-rèir ris a' chomann-shòisealta againn, a tha sìor-fhàs didseatach. Bu chòir gu bheil an cleachdadh againn a' dèanamh cinnteach nach bi luchd-ionnsachaidh fo anacothrom agus bu chòir gu bheil e ann an co-rèir ris an dòigh-obrach àbhaistich aca ann an ionadan ionnsachaidh is teagaisg.

Conaltradh le luchd-ùidhe

- ♦ A' com-pàirteachadh bhuidhnean eadar-mheasgte de dhaoine aig a bheil fèin-fhios beatha (luchd-ionnsachaidh, luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe) agus an riochdairean — agus a' freagairt ri fios air ais bhuapa — ann an cleachdaidhean leasachadh theisteanasan.
- ♦ A' co-obrachadh le eòlaichean co-ionannachd agus iomadachd gus piseach a chur air pròiseasan measaidh.
- ♦ A' cumail oirnn a' cumail sùil air fios air ais agus ceistean bho luchd-ionnsachaidh, luchd-cleachdaidh agus prìomh chom-pàirtichean co-ionannachd agus in-ghabhaltais gus treandaichean a chomharrachadh, còmhla ri piseach a dh'fhaodadh a bhith air a thoirt air an stiùireadh agus fiosrachadh a bhios sinn a' toirt do dh'ionadan a tha a' libhrigeadh theisteanasan SQA.
- ♦ A' co-obrachadh leis na com-pàirtichean againn ann am foghlam gus piseach a chur air builean airson chlann is daoine òga is daoine aig a bheil eòlas air cùram, air a bheil buaidh bho bhoichdainn. Bidh sinn a' dèanamh seo ann an co-rèir ris an dreuchd againn ann an raon an fhoghlaim.

Bidh sinn a' tomhas ar soirbheachais le bhith

- ♦ A' cumail sùil air ìre-chleachdaidh chothroman leasachaidh am measg luchd-obrach.

- ◆ A' cumail sùil air seòrsa is meud nan ullachaidhean measaidh agus cleachdadh ICT ann an deuchainnean on taobh a-muigh, agus treandaichean taobh a-staigh seo.
- ◆ A' beachdachadh air na mach-chuir bhon phròiseact a bhios a' rannsachadh mhodhan-obrach a thaobh barantachd càileachd san àm ri teachd airson ullachaidhean measaidh.
- ◆ A' beachdachadh air na mach-chuir bhon phròiseas againn a thaobh Lèirmheas Co-ionannachd air Teisteanasan.
- ◆ A' dèanamh cinnteach gu bheil fianais a thathar a' tional bho dhàta is fiosrachadh air co-ionannachdan bho mheasaidhean buaidh ga cleachdadh ann am pròiseasan co-dhùnaidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean fiosraichte agus stèidhichte air fianais.
- ◆ A' beachdachadh air fianais air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh bho bhuidhnean dì-riochdaichte.
- ◆ A' gabhail pàirt ann an ath-leasachadh foghlaim nas fharsainghe, a' gabhail a-steach Cearcall Leasachadh a' Churraicealaim.

Buil Co-ionannachd 4 – Conaltradh In-ghabhaltach

Tha Teisteanasan Alba an geall air a h-uile neach a bhios sinn a' frithealadh, agus tha seo aig cridhe a h-uile seirbheis a bhios sinn a' libhrigeadh agus a h-uile nì a bhios sinn a' solarachadh. Tha conaltradh in-ghabhaltach deatamach airson an gealltanais seo a choileanadh agus airson sealltainn mar a tha a' bhuidheann a' toirt taic don chruth-atharrachadh dheimhinneach nas fharsainge ann am foghlam agus sgilean.

Carson a thagh sinn a' Bhuil Co-ionannachd seo

Chan ann a-mhain gu bheil iad seo a' riochdachadh a' ghealltanais aig Teisteanasan Alba don a h-uile duine a tha sinn a' frithealadh, ach tha iad cuideachd nan suidhe aig cridhe a h-uile seirbheis a tha sinn a' libhrigeadh agus a h-uile nì a tha sinn a' solarachadh. Tha conaltradh in-ghabhaltach riatanach airson an gealltanais seo a choileanadh agus airson nochdadh mar a tha a' bhuidheann a' toirt taic don chruth-atharrachadh dheimhinneach nas fharsainge ann am foghlam agus sgilean.

Feartan fo dhìon

Buntainneach ris a h-uile feart fo dhìon.

Tha SQA a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhìon.

Bidh sinn a' coileanadh na buile seo le bhith

- ◆ A' com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus luchd-ùidhe, ann an dòigh èifeachdach agus bhrìoghmhor, ann an co-dhùnaidhean.
- ◆ A' toirt air a h-uile duine sa bhuidhinn againn a bhith a' cleachdadh briathrachas in-ghabhaltach.
- ◆ A' dèanamh conaltradh le raon farsaing de luchd-amais is luchd-ùidhe gus conaltradh a leasachadh.
- ◆ A' toirt seachad a h-uile conaltradh ann an cruthan soilleir is ruigsinneach tarsainn caochladh sheanailean.
- ◆ A' rannsachadh sheanailean is dòighean-obrach ùra airson taic a thoirt do na custamairean againn.
- ◆ A' dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd sna co-dhùnaidhean a tha Teisteanasan Alba a' gabhail le bhith a' co-phàirteachadh na fianais a chaidh a chleachdadh agus a' sireadh fios air ais gu for-ghnìomhach gus na pròiseasan againn a leasachadh.

Bidh sinn a' tomhas ar soirbheachais le bhith

- ◆ A' faighinn sgrùdadh neo-eisimeileach agus a' cumail sùil air gnìomhachdan le luchd-ùidhe gus dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachdan conaltraidh is com-pàirteachaidh a' coileanadh am feumalachdan.
- ◆ A' tional dàta, agus a' dèanamh mion-sgrùdadh air, gus buaidh a' chonaltraidh in-ghabhaltach againn a thomhas.
- ◆ A' gèilleadh gu h-ìomlan leis na riaghaitlean WCGAG 2.2, a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile pròiseas a' coileanadh inbhean ruigsinneachd agus a' cur air adhart in-ghabhaltachd.

Buil Co-ionannachd 5 – Creideasachadh

Tha buidhnean duaiseachaidh creideasachaidh agus na solaraichean aca a' tuigsinn na dreuchd aca a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas gus am bi cothrom aig luchd-ionnsachaidh aig a bheil fèin-fhios beatha air neo-ionannachd air teisteanasan agus measadh.

Carson a thagh sinn a' Bhuil Co-ionannachd seo

Tha anailis luchd-ùidhe air soilleireachadh gum bu chòir lèirmheas a dhèanamh air an stiùireadh cho-leasachail '[Prionnsapalan Riaghlaidh SQA airson Creideasachadh](#)' ([SQA Accreditation Regulatory Principles](#)) gus barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad a thaobh buileachadh. Bidh an lèirmheas seo a' leigeil leinn co-ionannachd cothruim adhartachadh airson diofar fheartan fo dhìon le bhith a' neartachadh co-ionannachd air feadh nam prionnsapalan, fa chomhair am bi buidhnean duaiseachaidh aontaichte air an sgrùdadh.

Feartan fo dhìon

Buntainneach ris a h-uile feart fo dhìon.

Tha SQA a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhìon.

Bidh sinn a' coileanadh na buile seo le bhith

- ◆ Ag iarraidh trèanadh àithnteil air co-ionannachd agus iomadachd airson a h-uile neach-obrach Creideasachadh.
- ◆ A' stiùireadh lèirmheas air an fhiosrachadh a bharrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil e, far a bheil sin iomchaidh, ag aithneachadh gum feumar cothrom adhartachadh airson luchd-ionnsachaidh.
- ◆ A' foillseachadh fiosrachadh a bharrachd ath-sgrùdaichte còmhla ri seisean bogaidh airson bhuidhnean duaiseachaidh aontaichte.
- ◆ A' cumail sùil air an àireimh agus seòrsa de ghearanan a fhuair a bha ceangailte ri co-ionannachd.
- ◆ A' dèanamh lèirmheas air sgrìobhainnean poileasaidh is stiùireadh buntainneach.
- ◆ A' cur air adhart Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas aig an fhòram againn airson bhuidhnean a bhios a' stèidheachadh shlatan-tomhais agus aig an fhòram airson bhuidhnean duaiseachaidh.

Bidh sinn a' tomhas ar soirbheachais le bhith

- ◆ A' cumail sùil air gnìomhachdan tron sgrùdadh agus lèirmheas againn air na gnìomhan a rinneadh le buidhnean duaiseachaidh creideasachaidh agus na solaraichean aca a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas.
- ◆ A' toirt seachad cunntas as ùr tron Phlana Chorporra againn don Chomataidh Creideasachaidh agus do Mhinistearan na h-Alba.